



Foghlam Alba

Celia NicArtair
(Feasgar Diciadain)

Bidh Celia NicArtair, bho Bhuidheann Foghlam nan Tidssearan, a' treòrachadh chompàirtichean tro earrann Ionnsachadh Proifeiseanta làrach Foghlam Alba. Tha an seisean seo freagarrach airson luchd-cleachdaidh aig gach ìre nan dreuchd. Stiùiridh Celia còmhraidh air Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd agus Sgrùdadh agus Leasachadh Proifeiseanta (PRD). Tha ionnsachadh proifeiseanta deatamach ann a bhith a' cuideachadh luchd-cleachdaidh gus a bhith a' gabhail gu togarrach ri atharrachadh; a' stiùireadh; ag obrachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche còmhla ri daoine eile; a' cnuasachadh agus a' rannsachadh; agus a' toirt seachad foghlam nas fheàrr do chlann agus do dh'òigridh. Cuide ri Ceannard àrd-sgoile, seallaidh Celia cuideachd mar a tha stuthan-taic ùra air luchd-obrach a chuideachadh gus a dhol an sàs ann an dòigh dheimhinneach ann am PRD.

Cruinneachadh nam Fileantach

Màiri NicRisnidh
(Madainn Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Seisean a' toirt sùil air stuthan a chaidh a chruinneachadh gu ruige seo a ghabhadh cleachdadh le fileantaich san Àrd-sgoil, agus air an leabhran gràmair agus goireasan gràmair eile a tha gan ullachadh. Thathar ag iarraidh air luchd-compàirt aon ghoireas airson fileantaich N4 no N5 a thoirt leotha chun an t-seisein mar eisimpleir de phios-obrach a dh'obraich gu math dhaibh fhèin anns a' chlas.

ASN – Feumalachdan Taic a Bharrachd

Eàirdsidh MacLullich & Fiona Lyon
(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

A' rannsachadh mar a thèid innealan measaidh agus sgrionaidh daimeamaig a chleachdadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; a' cleachdadh nan dòighean sin ann am measadh co-obrachail air Feumalachdan Taic a Bharrachd.

A' teagasg RME

Dòmhnall MacLeòid
(Madainn Diciadain & Madainn Diardaoin)

Bheir Dòmhnall tar-shealladh air na stuthan agus air an structar cùrsa a thathar a' cleachdadh ann an Sgoil MhicNeacail 's e an dòchas gun tàlaidh seo tidssearan Gàidhlig eile gu bhith a' teagasg a' chuspair. Bidh deasbad ann an uair sin air na stuthan agus air an structar is dùil gun tèid leudachadh orra.

FilmG

Muireall Urchardan
(Feasgar Diciadain & Madainn Diardaoin)

Bheir Muireall Urchardan, a tha eòlach air teagasg agus air na meadhanan, fiosrachadh air FilmG agus mar a ghabhas a chleachdadh gus sgilean a leasachadh, agus mar phàirt de dh'fheumalachdan foghlaim CfE. Innsidh i dè th' ann an deagh fhilm, mar a leasaicheas tu beachdan agus mar a phlanas tu am filmeadh. Bheir i seachad taic phractaigeach agus bruidhnidh i air innleachdan a chuidicheas an sgoil agad gus sàr fhilm a dhèanamh.

Gnàthasan-cainnt

Mairead NicIomhair
(Feasgar Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Seisean air gnàthasan-cainnt ann an co-theacsa an aonaid a bhios an lùib nan stuthan ann an Cruinneachadh nam Fileantach.



Bùth-obrach Beothachaidh (BS 6 & 7, ÀS 1 & 2)

Chris Mitchell

(Madainn Diciadain & Feasgar Diardaoin)

Còmhla ri Chris Mitchell, Cànan, ionnsaich mar a chruthaicheas tu sgeulachdan beothaichte sìmplidh a' cleachdadh GoAnimate. Sa bhùth-obrach seo cuiridh tu eòlas air na h-innealan agus na dòighean a tha gan cleachdadh gus audio a dheasachadh agus cartùnaichean beothaichte sìmplidh a dhèanamh, agus faodaidh tu an uair sin goireasan spòrsail a chruthachadh dhan chlas agad.

SQA

Marilyn Waters, Jennifer McHarrie agus Prìomh Luchd-sgrùdaidh na Gàidhlig
(Fileantaich is Luchd-ionnsachaidh)
(Diardaoin a-mhàin x2)

Bheir riochdairean SQA dhuinn am fiosrachadh as ùire air a bhith a' tuigsinn ìrean sna pàirtean de na h-aonadan a th' air am measadh taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile (le eisimpleirean bho 2013/14).

SÙIL SGIOBALTA

Diciadain		Diardaoin	
Seisean 1	Seisean 2	Seisean 3	Seisean 4
Cruinneachadh nam Fileantach	Foghlam Alba	FilmG	Cruinneachadh nam Fileantach
ASN	FilmG	SQA	SQA
RME	Gnàthasan-cainnt	RME	Gnàthasan-cainnt
Beothachadh/Audio		ASN	Beothachadh/Audio